

6

GATHAN GREINE

AIR SON

# CRIDHEACHAN DHAOINE

O FHIOR FHOCAL DHE,

‘ANN AD SHOLUS-SA CHI  
SINN SOLUS.’

---


(*O'N BHEURLA.*)

---

GLASGOW:  
ARCHIBALD SINCLAIR, 62 ARGYLE STREET.  
MDCCCLXXVII.

THA  
SPIORAD AN TIGH.  
EARNA IEHOBHAH ORM,  
DO BHRIGH GU-N D' UNG AN  
TIGHEARNA MI; A THOIRT DEADH  
SGEOIL DO'N MHACANTA CHUIR E MI;  
A CEEANGAL SUAS LUCHD A' CHRIDHE  
BHRISTE, A DH' EIGHEACH FUASGLAIDH DO  
NA BRAIGHDIBH, AGUS FOSGLAIDH A' PHRIOS-  
AIN DHOIBHSAN A THA CEANGAILTE; A DH' EIGH-  
EACH BLIADHNA TNAITNICH AN TIGHEARNA AGUS  
LA DIOGHALTAIS AR DE-NE; A THOIRT COMHFHURT-  
ACHD DHOIBHSAN UILE A THA RI BRON; A DH'ORD-  
UCHADH DO LUCHD-CAOINEADH SHIOIN, A THOIRT  
DHOIBH MAISE 'AN AITE LUAITHRE, OLADH  
AOIBHNEIS 'AN AITE BROIN, EIDEADH  
MOLAIDH 'AN AITE SPIORAID AIRS-  
NEIL; A CHUM GU-N GOIRTEADH  
DHIUBH CRAOBHAN FIREAN-  
TACHD A SHUIDHICH AN  
TIGHEARNA AIR SGATH  
A GHLOIRE.

*Isa. lxi.*



# Gathair Greine air son Cridheachan Phaoine.

**M**o thruaighe mise! oir chaidh as domh;

Isa. vi. 5.

Sgrios thu thu féin, ach annamsa tha do chabh-air.

Hos. xiii. 9.

A Dhé, dean tròcair ormsa 'tha ann am pheacach.

Lucas xviii. 13.

Thàinig Iosa Criod do'n t-saoghal a theàrnadh pheacach,

1 Tim. i. 15.

Chaidh mi air seachran mar chaoiridh chaillte

Salm cxix. 176.

Is mise am buachaille maith.—Thàinig Mac an duine a dh' iarraidh agus a theàrnadh an nì sin a bha caillte.

Eòin x. 11.

Ciod is còir dhomh a dheanamh chum gu-n teàrnar mi?

Lucas xix. 10.

Gniomh. xvi. 30.

Creid anns an Tighearn' Iosa Criod, agus teàrnar thu.	Gníomh. xvi. 31.
<i>Tha mi a' creidsinn, a Thighearna; cuidich thusa le mo mhi-chreidimh.</i>	Marc ix. 24.
Ghuidh mise air do shonsa, nach diobair do chreidimh thu.	Lucas xxii. 32.
<i>Air sgàth d' ainme, a Thighearna, lagh mo chionta; oir tha i mòr.</i>	Salm. xxv. 11.
Gu bheil 'ur peacaidhean air am maiteadh dhuibh air sgàth 'ainmc-san.	1 Eòin ii. 12.
<i>Tha ar cùl-sleamhnachaidh lìonmhòr, pheacaich sinn 'ad aghaidh.</i>	Ier. xiv. 7.
Leighisidh mise an cùl-sleamhnachadh, gràdh-aichidh mi iad gu saor.	Hos. xiv. 4.
<i>An do sguir a chaoimhneas gu bràth?</i>	Salm lxxvii. 8.
Cha ghléidh e a chorruich gu siorruidh, a chionn gur toigh leis tròcair.	Micah vii. 18.
<i>An d' fhàilnich 'fhocal o linn gu linn?</i>	Salm lxxvii. 8.
Oir geallaidhean Dhé uile ann-san is seadh iad, agus ann-san is Amen iad.	2 Cor. i. 20.

*Feuch tha mi gràineil; ciod a fhreagras mi dhuit?*

Iob xi. 4.

Ged robh 'ur peacaidhean mar an scàrlaid, bithidh iad geal mar an sneachdad, ged robh iad dearg mar chòrceur, bithidh iad mar olainn.— Glanaidh ful Iosa Criod, a Mhac, sinn o gach uile pheacadh.

Isa. i. 18.

I. Eòin i. 7.

*Chaidh m' euceartan thar mo cheann; mar eall-aich thruim tha iad ro throm air mo shon.*

Salm xxxviii. 4.

Thigibh a m' ionnsuidh-sa, sibhse uile a tha ri saothair, agus fo throm uallaich, agus bheir mise suaimhneas dhuibh.

Mata. xi. 28.

*Cruthaich annam cridhe glan, a Dhé; agus ath-nuadhaich spiorad ceart an taobh a stigh dhiom.*

Salm li. 10.

Bheir mi fòs dhuibh cridhe nuadh, agus cuiridh mi spiorad nuadh an taobh a stigh dhibh; agus buinidh mi air falbh an cridhe cloiche as 'ur feòil, agus bheir mi dhuibh cridhe feòla.

Esec. xxxvi. 26.

*Na tig ann am breitheanas gu d' òglach; oir ann ad fhianuis cha-n fhìreanaichead duine beò air bith.*

Salm cxliii. 2.

Air an aobhar sin cha-n'eil a nis dìteadh  
sam bith ann do'n dream sin a tha ann an  
Iosa Criosc.

Rom. viii. 1.

*Och gun shios agam c' àit am faighinn esan,  
agus gu-n tiginn a dh' ionnsuidh 'àite.*

Thigeamaid uime sin le dànachd gu rìgh-chaithir  
nan gràs, chum gu faigh sinn tròcair, agus  
gu-n amais sinn air gràs chum cabhair ann  
an àm feuma.

Iob xxiii. 3.

*Tha mi ag aideachadh m' easontais, agus tha  
mo pheacadh a' m' làthair a ghnàth.*

Eabh. iv. 16.

Ma dh' aidicheas sinn ar peacaidhean, tha esan  
firinneach agus ceart chum ar peacaidhean a  
mhaitheadh dhuinn, agus ar glanadh o gach  
uile neo-fhìreantachd.

*O 'Thighearna, tha mi air mo shàruchadh; bi  
thusa ann ad urras dhomh.*

Isa. xxxviii. 14.

Bithidh an Tighearna 'n a dhaingneach ann an  
aimsiribh tcanntachd.

*A Thighearna, feuch, tha'n ti a's ionnachuinn  
leat tinn.*

Salm ix. 9.

Èdin xi. 3.

Cha-n'eil an tinneas so chum bàis, ach a chum  
glòire Dhé. An ti a's ionmhuinn leis an  
Tighearna smachdaichidh e, agus sgiùrsaidh  
e gach mac ris an gabh e.

Eòin xi. 4.

Eabh. xii. 6.

*Tha mi sgìth le m' osnaich.*

Tilg air an Tighearna do chùram, agus cumaidh  
esan suas thu.

Salm vi. 6.

Salm iv. 22.

*Oir shàthadh do shaighdean annam, agus tha  
do làmh trom orm.*

Cràdbaidh e, agus ceanglaidh c suas; lotaidh e,  
agus leighisidh a làmhan.

Salm xxxviii. 2.

Iob v. 18.

*Tha mise bochd agus uireasbhuidheach.*

Air an fhear so amhaircidh mi; eadhon airsan  
a tha bochd agus leònta 'n a spiorad; agus a  
chriothnaicheas roimh m' fhocal. Is beann-  
achte iadsan a tha bochd 'n an spiorad: oir  
is led rioghachd nèimh.

Salm lx. 17.

Isa. lxvi. 2.

Mata. v. 3.

*Thoir còmhnaidh dhuinn ann an teinn; oir is  
diomhain furtachd duine.*

Is e Dia ar tearmunn agus ar neart; ar cabhair  
ro dheas ann an teanntachdaibh.

Salm lx. 11.

Salm xlvi. 1.

*Gabh truas diom a Thighearn', oir tha mi lag:  
slànuich mi a Thighearn', oir tha mo chnàmh-an air an cràdh.*

A' chuile bhrùite cha bhris e, agus an lion d'am bheil caol smùid cha mhùch e. Oir tha mo chumhachd air a dheanamh foirfe ann an anmhuinneachd.

*Is iad mo dheòir a's biadh dhomh a là agus a dh' oidhche.*

Iadsan a chuireas siol le deuraibh, buainidh iad le gàirdeachas.

*Throm-smachdaich an Tighearna mi.*

Bheir mise an treas trian troimh an teine, agus glanaidh mi iad mar a ghlanar an t-airgiod, agus dearbhaidh mi iad mar a dhearbhar an t-òr.

*Chuir e mo bhràithrean fada uam; agus tha mo luchd-eòlais air fàs coimheach rium.*

Ge b'e neach a ni toil Dhé, is esan mo bhràthair, agus mo phiuthar, agus mo mhàthair.

*Ghabh mi farmad ri amadanaibh, ri faicinn soirbheachadh dhaoine aingidh.*

Salm vi. 2.

Isa. xlvi. 3.

2 Cor. xii. 9.

Salm xlvi. 3.

Salm cxxvi. 5.

Salm cxviii. 18.

Sech. xiii. 9.

Job xix. 13.

Marc iii. 35.

Salm lxxvii. 3.

Na bitheadh campar ort mu dhaoinibh aingidh,  
 agus na gabh farmad ri luchd-deanamh na  
 h-euceirt: oir mar am feur gearrar gu grad  
 sios iad, agus mar an luibh ghlás seargaidh  
 iad. Fathast tamull beag, agus cha bhi an  
 t-aingidh ann.

Salm xxxvii 1, 10.

*Amhairc air mo naimhdibh, oir tha iad liomhòr.*

Salm xxv. 19.

Ma tha Dia leinn, co a dh' fheudas a bhi 'n ar  
 n-aghaidh?

Rom. viii. 31.

*Na fàg mi, agus na tréig mi, a Dhé mo  
 shláinte.*

Salm xxvii. 9.

Cha-n fhàg, agus cha tréig mi am feasd thu.

Eabh. xiii. 5.

*Tha mo chridhè air a chràdh an taobh a stigh  
 dhiom.*

Salm lv. 4.

Na bitheadh eagal ort, oir shaor mise thu;  
 ghairm mi thu air d' ainm; is leamsa thu.

Isa. xlivi. 1.

*Na folainch do ghnùis uam; na cuir air falbh  
 d' òglach ann am feirg.*

Salm xxvii. 9.

Ann an corrui ch bhig dh' fholuich mi mo  
ghnùis car tiota uait; ach le caoimhneas  
sìoruidh ni mi tròcair ort, deir an Tighearna  
d' fhear-saoraidh.

Isa. liv. 8.

*Is aithne dhomh, a Thighearna, nach 'eil slighe  
duine 'n a chomas féin: cha-n'eil e'n comas  
duine a tha 'g imeachd a cheum a stiùradh.*

Ier. x. 23.

Ann ad uile shlighean aidich e, agus seòlaidh  
esan do cheuman.

Gnàth-fh. iii. 6.

*Tha mo shùil a' fàilneachadh a bhrìgh m' àmh-  
ghair.*

Salm lxxxviii. 9.

Is beannaichte iadsan a tha ri bròn, oir gheibh  
iad sòlas.

Mata. v. 4.

*Fosgail mo shùilean, chum gu-m faic mi nithean  
iongantach o d' lagh.*

Salm exix. 18.

An Comhfurtair, an Spiorad naomh, a chuireas  
an t-Athair uaith ann am ainm-sa teagaisgidh  
esan dhuibh na h-uile nithean.

Eòin xiv. 26.

*Rachadh mo mhìsneach air chùl mur creidinn gu-m  
faicinn maitheas an Tighearn' ann an tìr nam  
beò.*

Salm xxvii. 13.

Bheir esan neart do'n anmhunn, agus dhoibhsan a tha gun lugh meudaichidh e treise.

Isa. xl. 29.

Cò a tha foghainteach chum nan nithean so?

2 Cor. ii. 16.

Is leòir mo ghràs-sa dhuit.

2 Cor. xii. 9.

Tha m' fheòil agus mo chridhe air fàilneachadh.

Salm lxxiii. 26.

Is e'n Tighearna do Dhia, cha diobair e thu,  
cha mhò a threigeas e thu.

Deut. xxxi. 6.

Ruith sruthan dheur sìos o m' shùilibh a chionn nach  
do choimhid iad do lagh.

Salm cxix. 136.

Cuir comharra air eudanaibh na muinntir a tha  
'g osnaich agus a' glaoigh air son nan uile  
ghràineileachdan a tha air an deanamh 'n a  
meadhon.

Escc. ix. 4.

Chuir thu fear mo ghaoil agus mo charaid fada uam:  
tha luchd m' èolais ann an dorchadas.

Salm lxxxviii. 18.

Mar a ghabhas athair truas d'a chloinn, gabhaidh  
an 'Tighearna truas dhiubhsan d' an  
eagal e. Athair nan dilleachdan, agus breith-eamh  
nam bantrach, is e Dia ann an ionad-comhnuidh a naomhachd.

Salm ciii. 13.

Salm lxviii. 5.

*Na leig ann am buaireadh sinn.*

Mata. vi. 13.

Tha Dia dileas, nach leig dhuibh a bhi air 'ur feuchainn thar 'ur comas; ach a ni maille ris an deuchainn slighe gu dol as mar an ceudna, chum gu-m bi sibh comasach air a giùlan.

1 Cor. x. 13.

*Fo sgàile do sgiathan foluich mi.*

Salm xvii. 8.

Le iteagaibh còmhdaichidh e thu, agus fo a sgiathan bithidh d' earbsa.

Salm xci. 4.

*Tha tart air m' anam chum Dhé, chum an Dé bheò.*

Salm xlvi. 2.

Seallaidh do shùilean air an Rìgh 'n a mhaise;

Isa. xxxiii. 17.

*Air sgàth d' ainme treòraichidh agus stiùraidh tu mi.*

Salm xxxi. 3.

Nochdaidh mi dhuit an t-slighe air an tigeadh dhuit triall; seòlaidh mi dhuit le m' shùil.

Salm xxxii. 8.

*A nis, an uair a tha mi sean agus liath, a Dhé na treig mi.*

Salm lxxi. 18.

Eadhon gu 'ur sean aois, agus gu 'ur falt liath, is mise féin an ti a ghiùlaineas sibh.

Isa. xlvi. 4.

*Tha m' anam a' feitheamh air an Tighearna na's mo na luchd-faire na maidne.*

Salm cxxx. 6.

Iadsan a dh' fheitheas air an Tighearna gheibh iad spionnadu nuadh; éiridh iad suas mar iolair air a sgiathan; ruithidh iad agus cha bhi iad sgith, siùbhlaidh iad agus cha-n fhàs iad fann.

Isa. xl. 30.

*Thuit uamhasan a' bhàis orm.*

Salm iv. 4.

Sgriosar an nàmhaid deireannach, am bàs.

1 Cor. xv. 26.

Thubhairt Iosa, is mise an aiseirigh, agus a' bheatha; an ti a chreideas annam-sa, ged gheibheadh e bàs, bithidh e bed.

Eòin xi. 25.

*C' uin a thig mi, agus a nochdar mi ann am fiauuis Dhé?*

Salm xl. 2.

N uair a dh' fhoillsichear Criod, neach a's e ar beatha-ne, an sin bithidh sibhse mar an ceudna air 'ur foillseachadh maille ris ann an glòir.

Col. iii. 4.

*Ann ad làimh-sa tiomnam mo spiorad: saor mi, a Thighearna Dhé na firinn.*

Salm xxxi. 5.

Thigibh, a dhaoine beannaichte m' Athar-sa, sealbhaichibh mar oighreachd an rioghachd a tha air a deasachadh dhuibh o leagadh bunaitean an domhain.

Mata. xxv. 34.

*Seadh, thig, a Thighearn' Iosa.*

Taisb. xxii. 20.

Gu deimhin tha mi a' teachd 'an aithghearr.

Taisb. xxii. 20.

O, a Thighearna, gu deimhin is mi d' òglach,  
sgaoil thu mo chuibhreach. Thionndaidh  
thu dhomh-sa mo bhròn gu dannsadh : chuir  
thu dhiom m' eudach-saic, agus chrioslaich  
thu mi le h-aoibhneas.


Salm cxvi. 16.

Beannaichte gu-n robb an Tighearn', a chionn  
gu-n d' éisd e ri guth m' athchuinge. Is e  
an Tighearna mo neart, agus mo sgiath ; ann-  
san chuir mo chridhe a dhòchas, agus chuid-  
icheadh leam ; uime sin rinn mo chridhe  
gàirdeachas; agus le m' laoidh molaidh mi e.

Salm xxx. 11.

Salm xxviii. 7.





De-ha-san a ghradhaich sinn agus a dh' ionr-  
laid sinn o ar peacaidhean 'n a fhuilfeim  
agus a rinn righrean dhinn agus sag-  
airtean do Dhia agus d'a Athairsan;  
De-hasan gu-n robb gloir agus  
cumhachd gu saoghal nan  
saoghal. Amen.

*Taisb. i. 4, 5.*